



An Comunn Gàidhealach

Organisers of The Royal National Mòd®

CUAIRT-LITIR

Tiogaidean a' Mhòid a-nis rin Ceannach

Bidh Glaschu a' cur fàilte air Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026 eadar 9–17 Dàmhair, nuair a thilleas an fhèis as motha air an t-saoghal de chànan, cultar agus ceòl na Gàidhlig dhan bhaile. Thathar an dùil fàilte a chur air mu 10,000 neach-tadhail thar nan naoi làithean, le prògram làn de chuirmean-ciùil, cèilidhean, bùthan-obrach, òraidean, taisbeanaidhean agus tachartasan spòrs.

Am measg prìomh thachartasan na seachdain tha:

- **Ar Cànan 's Ar Ceòl** – a' chuirmean fosglaidh a' comharrachadh 40 bliadhna de dh' Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu
- **Cèilidh le na Cormacks** – oidhche de dh'òrain is phuirt leis an teaghlach chiùil ainmeil
- **An Drochaid** – cuirm shònraichte a' toirt còmhla Comainn Eileanaich Ghlaschu agus coimhearsnachd Gàidhlig a' bhaile
- Cèilidhean teaghlach, seiseanan ciùil, cearcaill còmhraidh, bùthan-obrach, taisbeanaidhean agus tachartasan spòrs fad na seachdain
- **Gael Force 10** – cèilidh mòr aig an t-Seòmar-dansaidh Barrowlands mar phàirt de chomharrachadh deireadh a' Mhòid
- **Na Co-Chòisirean** – caismeachd agus cuirm sheinn mhòr a bheir Mòd Ghlaschu 2026 gu crìoch chuimhneachail air Disathairne 17 Dàmhair.

Tickets for Mòd Events on Sale Now

Glasgow will celebrate the return of the Royal National Mòd from 9–17 October 2026, as the world's largest festival of Scottish Gaelic language, culture and music takes place across venues throughout the city. The nine-day festival is expected to welcome around 10,000 attendees and will feature a packed programme of concerts, cèilidhs, workshops, talks, exhibitions and sporting events.

Programme highlights include:

- **Ar Cànan 's Ar Ceòl** – the opening concert celebrating 40 years of Gaelic Medium Education in Glasgow
- **Cèilidh le na Cormacks** – an evening of songs and tunes with the renowned Cormack family
- **An Drochaid** – a special concert bringing together Glasgow's Island Associations and Gaelic diaspora
- Family cèilidhs, music sessions, conversation circles, workshops, exhibitions and sporting events throughout the week
- **Gael Force 10** – a spectacular closing cèilidh at the Barrowland Ballroom
- The traditional **Massed Choirs** procession and performance, bringing the festival to a memorable close on Saturday 17 October.

To purchase tickets for these events, please visit the [Mòd Ghlaschu 2026 website](#). Further information is available on info@ancomunn.co.uk

LÙGHdachadh air Prìsean do Bhuill a' Chomuinn

Bu chòir do gach ball den Chomuinn Gàidhealach còd-lasachaidh fhaighinn airson tiogaidean a' Mhòid a cheannach.

Mura d' fhuair sibh ur còd fhathast, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk.

Gus dèanamh cinnteach gum faigh sibh ur còd agus fiosrachadh eile bhuainn, thoiribh sùil gu bheil an seòladh puist-d agaibh ceart agus ùraichte air a' chunntas agaibh air-loidhne.

DISCOUNT ON TICKETS FOR AN COMUNN MEMBERS

All members of An Comunn Gàidhealach should have received their discount code for purchasing Mòd tickets.

If you have not yet received your code, please contact info@ancomunn.co.uk.

To ensure you receive future communications, please check that the email address on your online account is up to date.



2026
9-17 October

GAEL FORCE 10!

Ged a tha e duilich an aimsir Albannach a thomhas, le cinnt bidh Gàidheil againn am pailteas ann an Glaschu san Dàmhair!

Chithear luchd-ciùil Gàidhealach cliùiteach a leithid Gary Innes, Raibeart Robasdan, Eòghann MacEunraig agus mòran eile gus Mòd Ghlaschu a thoirt gu crìch. Tha Mòd Ghlaschu 2026 a' tighinn faisg, agus tha tiogaidean airson cèilidh deireannaich a' Mhòid anns na Barrowlands rin ceannachd a-nis.

Tha prògram air leth de sheinneadairean agus cluicheadairean againn dhuibh san Dàmhair. Na caillibh an cothrom!
Ceannaich na tiogaidean agaibh AN-DIUGH!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/gael-force-10>

GAEL FORCE 10!

With a 100% chance of Gaels in Glasgow this October, Scottish trad music legends Gary Innes, Ewen Henderson, Robert Robertson and a host of special guests are taking to the iconic Barrowland Ballroom for a one-off spectacular finale to Royal National Mòd 2026.

The countdown to Mòd Ghlaschu 2026 is on, and tickets for our spectacular final night at the Barrowlands are on sale now.

Don't miss an incredible line-up of artists and a night to remember this October. Get your tickets TODAY before they're gone!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/gael-force-10>





SÀR DHUAIS DHA CORRIE!

Bu mhath leinn meal-a-naidheachd a chur air Corrie Chaimbeul bho Corrie Campbell Communications, a fhuair moladh sònraichte (Highly Commended) o chionn ghoirid aig Duaisean DARE PRCA, airson an iomairt mheadhanan aice airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2025.

Tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Corrie bho 2021. Tha i air a bhith na pàirt air leth cudromach de Sgioba a' Mhòid agus tha sinn air leth toilichte air a son! Tha sinn gu math pròiseil à Corrie agus an sàr obair a bhios i a' dèanamh às ar leth.

TOP AWARD FOR CORRIE!

We would like to say a huge congratulations to Corrie Campbell from Corrie Campbell Communications, on her recent 'Highly Commended' Media Relations award at the PRCA DARE Awards, for her Royal National Mòd 2025 media campaign.

We have been working with Corrie since 2021, she is a great asset to the Mòd Team and we are absolutely delighted for her! We are very proud of Corrie and the fantastic work she undertakes on our behalf.



BLASAD SINEBHAR

Abair feasgar air leth a bha againn Disathairne, 6mh Ògmhios, le 70 neach an làthair aig tachartas Blasad Sinebhar ann an Taigh-òsta Maldron an Glaschu.

'S e tachartas air leth soirbheachail a bh' ann, mar thoradh air cho fiadhlaidh 's a bha na companaidhean sinebhar a leanas: Isle of Lewis, Downpour, Barra, Misty Isle, Tìree, Lussa agus Wolfcraig. Le sin bha feasgair tlachdmhor againn uile.

Chòrd e gu mòr ris an fheadhainn a bha an làthair cothrom blasad fhaighinn air na diofar sinebharan agus beagan a bharrachd ionnsachadh mu na sgeulachdan agus an obair a tha air an cùlaibh.

Tha sinn air leth toilichte gu robh cothrom ann beagan airgead a thogail, agus gu robh cothrom ann a thighinn còmhla airson tachartas sòisealta thaitneach, agus gun tug e dhuinn cothrom eile airson a bhith a' sanasachd gu bheil Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tighinn a Ghlaschu san Dàmhair.

bringing people together for an enjoyable social occasion, and also advertising the Royal National Mod coming to Glasgow in October.



GIN TASTING EVENT

What a fantastic afternoon we enjoyed on Saturday 6th June with 70 guests at the Gin Tasting event at the Maldron hotel in Glasgow.

The event was a tremendous success thanks to the generosity and enthusiasm of the following Gin companies: Isle of Lewis, Downpour, Barra, Misty Isle, Tyree, Lussa and Wolfcraig. Through their donation they helped us create a memorable and enjoyable experience.

We received many positive comments from guests who greatly appreciated the opportunity to sample a wide range of excellent gins and learn more about the stories and craftsmanship behind them.

We are delighted that the event achieved its fundraising aims whilst bringing people together for an enjoyable social occasion, and also advertising the Royal National Mod coming to Glasgow in October.



LATHA SPÒRS AIG MÒD GHLASCHU!

Tha latha air leth de spòrs ga chur air dòigh ann an Glaschu mar phàirt de sheachdain a' Mhòid.

Thèid coidseadh agus geamannan ball-coise do dhaoine òg a chumail fo stiùir Alba FA, còmhla ri seiseanan iomain do dh'òigridh, a' toirt cothrom do dhaoine òg pàirt a ghabhail ann an tachartasan spòrs as ainmeile ann an Alba.

Thèid prìomh fharpaisean inbheach a chumail feasgair. Bidh Alba FA a' farpais airson Cupa Iain Eàirdsidh MhicCoinnich ('Firhill Flyer' na Gàidhlig) an aghaidh sgioba a thèid ainmeachadh nas fhaide air adhart. Còmhla ri sin, bidh geamannan Cupa Iomain a' Mhòid do bhoireannaich agus do dh'fhir, a tha a' gealltainn taisbeanadh inntinneach den iomain mar phàirt den latha.

Ma tha sibh a' gabhail pàirt no a' toirt taic, 's e seo an t-àite airson latha de spòrs agus gu leòr Gàidhlig ga bruidhinn. Chì sinn ann sibh!

TILLEADH DUaisean

Ma tha duaisean agaibh bho Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar, feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil iad air an tilleadh thugainn, leis an t-ainm agaibh, ro Dihaoine 31 Iuchar 2026.

Ma tha càrradh sam bith a dhìth air an duais, cuiribh fios gu Seonag air 01463 709 705 cho luath sa ghabhas.



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®

DAY OF SPORT AT GLASGOW MÒD!

A fantastic day of sport is being planned at Glasgow Green as part of Mòd week. The morning programme will feature football coaching and games for young people, led by Alba FA, alongside youth shinty sessions, giving youngsters the opportunity to get involved in two of Scotland's great sporting traditions.

In the afternoon, attention turns to the senior competitions. Alba FA will contest the John-Archie MacKenzie Cup (the Gaelic speaking 'Firhill Flyer') against opponents who will be announced in due course. Alongside this in the afternoon will be the Ladies' and Gents's Mòd Shinty Cup matches that promise to be an exciting showcase of shinty as part of the day's celebrations.

Whether taking part or supporting, Glasgow Green is the place to be for a day of sport and plenty Gaelic being spoken. We look forward to seeing you there!

TROPHY RETURNS

If you have any trophies from the Lochaber Royal National Mòd, please ensure you return them, engraved, by Friday 31 July.

If trophies require repairing, please get in touch with Seonag on 01463 709 705 as soon as possible to arrange a repair, please do not attempt to repair yourself.





MUS TÒISICH SAOR-LÀITHEAN AN T-SAMHRAIDH...

Tha cuid de sgoiltean air dùnadh mar-thà airson saor-làithean an t-samhraidh, agus bidh na sgoiltean eile a' dùnadh an t-seachdain seo. Tha sinn an dòchas gum bi saor-làithean an t-samhraidh air leth agaibh uile!

Nach toir sibh sùil air a' chunntas agaibh air-loidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil an àireamh fòn-làimh agus an seòladh puist-d agaibh ceart agus ùraichte, air eagal 's gum feum sinn fios a chur thugaibh rè saor-làithean an t-samhraidh.

Tha an luchd-obrach againn trang ag obair tro na h-inntrigidhean uile, agus tha seo a' toirt ùine. Dh'fhaodadh gum bi feum againn fios a chur thugaibh mu na pìosan fèin-thaghte agaibh, agus mar sin dèanabh cinnteach gu bheil ur fiosrachadh-conaltraidh ceart.

TAIC SAOR-THOILEACH AIG MÒD GHLASCHU

Tha sinn a' sireadh saor-thoilich gus ar cuideachadh le bhith a' dèanamh Mòd Ghlaschu 2026 soirbheachail. Tha feum againn air saor-thoilich:

- tron bhliadhna suas chun an Dàmhair 2026, gus cuideachadh le bhith a' planadh agus a' ruith thachartasan;
- rè seachdain a' Mhòid, gus cuideachadh le bhith ag ullachadh ionadan, a' stiùireadh farpaisich, obair cathraiche aig farpaisean agus mòran a bharrachd!

Bhiodh sinn glè thaingeil airson ùine sam bith as urrainn dhuibh a thoirt seachad. Mas urrainn dhuibh cuideachadh ann an dòigh sam bith, nach cleachd sibh am foirm-conaltraidh againn gus fios a chur thugainn.

BEFORE YOU BREAK FOR SUMMER...

Some schools have already closed for the summer holidays, with the remaining schools finishing this week. We hope you all have a fantastic summer break!

Please check your online account and make sure your mobile number and email address are up to date so that we can contact you during the holidays if required.

Our staff are currently working through all entries and own choice pieces, which is a time-consuming process. We may need to get in touch regarding your own choice pieces, so please ensure your contact details are correct.

VOLUNTEER AT MÒD GHLASCHU

We are looking for volunteers to help us make Mòd Ghlaschu 2026 a success. We need volunteers:

- in the year running up to October 2026, to help plan and run events
- during Mòd week, to help set up venues, direct competitors, chair competitions and much more!

Any time you can spare would be really appreciated - if you can help in any way, please use our [contact form](#) to get in touch.



ATHARRACHAIDHEAN AIR PÌOSAN FÈIN-THAGHTE

[Gliog an seo](#) gus sùil a thoirt air ur n-iartas no atharrachaidhean beaga a dhèanamh air faidhlichean roghainn fhèin gu 31^d Lùnastal.

MINOR AMENDMENTS TO OWN CHOICE PIECES

[Click here](#) to check the status of an existing entry or make minor updates to own choice pieces until August 31st.

FARPAISEAN DANNSA GÀIDHEALACH

Tha iartasan farpaisean Dannsa Gàidhealaich fo stiùir Tayside Highland Dance Association: **www.toeandheel.com**

HIGHLAND DANCING COMPETITIONS

Highland Dancing entries are administered by Tayside Highland Dance Association: **www.toeandheel.com**

FARPAISEAN PÌOBA INBHEACH

Tha iartasan farpaisean Pìoba Inbheach fo stiùir An CPA: **www.competingpipers.com**

SENIOR PIPING COMPETITIONS

Senior Piping entries are administered by The CPA: **www.competingpipers.com**

CUIMHNEACHAIN A' MHÒID

Tha sinn a' coimhead airson dealbhan agus cuimhneachain bho Mòdan a dh'fhalbh — gu h-àraidh Mòdan ann an sgìre Ghlaschu bho chionn bhliadhnaichean!

A bheil seann dhealbhan, prògraman, pàipearan-naidheachd no cuimhneachain sònraichte agaibh aig an taigh? Bu chaomh leinn am faicinn agus sinn a' comharrachadh Mòd Ghlaschu.

Feuch gun cuir sibh fiosrachadh sam bith gu **marina@ancomunn.co.uk**

SHARE YOUR MÒD MEMORIES

We're looking for photographs and memories from past Mòds — especially Glasgow-area Mòds from years gone by!

Do you have old photographs, programmes, newspaper clippings or special memories tucked away at home? We'd love to see them as we celebrate the Glasgow Mòd.

Please send any information to **marina@ancomunn.co.uk**



TAISBEANADH A' MHÒID

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh a' Mhòid againn aig a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdainn. Bidh measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann. Nam measg tha Comhairle nan Leabhraichean, Bòrd na Gàidhlig, Acair, Sabhal Mòr Ostaig, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, NàdarAlba agus mòran eile.

Cuideachd, bidh tachartasan beò, òraidean, ceòl agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a' gabhail àite thairis air an t-seachdain aig an Taisbeanadh, mar sin dèanaibh cinnteach gun tig sibh a chèilidh oirnn aig Mòd Ghlaschu.

Bidh sinn cuideachd an dòchas gu faigh sinn cothrom blasad bìdh agus deoch ionadail fhaighinn... chì sinn ann sibh!

Cosgaidh bòrd aig Taisbeanadh Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu 2026 £150. Gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn is ùidh a shealltainn cuiribh fios gu:

seonag@ancomunn.co.uk no
rowan@ancomunn.co.uk



MÒD EXHIBITION

Each year we have a Mòd Exhibition which runs for the duration of the Mòd, which features a wide selection of Gaelic and local exhibitors with lots of information about their products & services. These have included The Gaelic Books Council, Acair, Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Gàidhlig, Historic Environment Scotland and NatureScot with lots of information, and many more.

The week also features events, demonstrations and readings within a performance area in the heart of the Exhibition so please pop in and say hello. We even try and provide a little taste of some amazing Scottish food & drink from the area local to the Mòd...so be sure to call in to the Mòd Exhibition at Mòd Ghlaschu.

To book a table at Glasgow Royal National Mòd 2026 Showcase costs £150. For more details and registration please contact:

seonag@ancomunn.co.uk or
rowan@ancomunn.co.uk



Droch fhasan

Na maidnean samhraidh ud
a bhithinn ag èirigh
's a' cur car mu chnoc leat;
cha robh duine beò air chois
ach mi fhìn 's mo chù.

Thusa a' ruith bho thoman gu
toman
bho dhìg gu dìg
a' snòtaraich
a' leantainn fàileadh cait
no rabaid
no radain
's a' fàgail do làrach fhèin
air na cnapan feòir a b' fheàrr leat:
a' fàgail do bheachd
aig coin eile a' bhaile.

Mise air a' fòn
air Facebook
ris an aon dhol a-mach...





AN COMUNN AIG TACHARTAS TAISBEANAIDH CÙIRT EDEN

Tha Inbhir Nis air a' gheàrr-liosta fhada airson Baile Cultair na Rìoghachd Aonaichte 2029, mar aon de dìreach naoi àiteachan air feadh na RA a fhuair cuireadh tagradh slàn a chur a-steach airson na tiotail agus an duais luach £10 millean. 'S e sgìre na Gàidhealtachd an aon àite ann an Alba a ràinig an ìre seo, rud a tha na choileanadh air leth cudromach don sgìre.

Tha tagradh Chomhairle na Gàidhealtachd àrd-amasach, freumhaichte anns a' Ghàidhealtachd agus air a chumadh leis na daoine agus na buidhnean a tha aig cridhe beatha chultarach na sgìre. Nan soirbhicheadh leis an tagradh, bheireadh e tasgadh mòr gus taic a thoirt do ghnìomhachdan cultarach air feadh na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach cànan is cultar na Gàidhlig, a' cruthachadh buannachdan maireannach do ghinealaich san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Gus àite dhaoine òg anns an tagradh a chomharrachadh, chuir Comhairle na Gàidhealtachd tachartas sònraichte air dòigh ann an Eden Court air 29 Ògmhios. Tron latha, chaidh taisbeanaidhean agus cuirmean a chumail ann an Taigh-cluiche OneTouch le grunn bhuidhnean cultarach òigridh, nam measg oileanaich bho Sgoil Chiùil a' Phluic, TFX Performing Arts Academy, agus Bun-sgoil Dhail an Èigh.

Bha An Comunn Gàidhealach air a riochdachadh leis na luchd-obrach Seonag NicAnndrais agus Fiona NicCoinnich, a bha os cionn deasc-fiosrachaidh far an robh duaisean, buinn, bhideothan agus stuthan brosnachaidh bhon Mòdan Nàiseanta Rìoghail rim faicinn. Bhruidhinn iad ri sgoilearan, tidsearan agus luchd-tadhail mu dheidhinn na Mòdan agus na Mòdan Ionadail agus theagasg iad abairtean sìmplidh Gàidhlig do mhòran de na deugairean.

AN COMUNN AT EDEN COURT SHOWCASE EVENT

Inverness has been longlisted for the UK City of Culture 2029, becoming one of only nine places across the UK invited to submit a full bid for the title and its £10 million prize. The Highlands is the only area in Scotland to reach this stage, making it a significant milestone for the region.

The Highland Council's bid is ambitious, rooted in the Highlands and shaped by the people and organisations that make up the area's rich cultural life. If successful, the award would bring major investment to support cultural activities across the region, including Gaelic language and culture, creating lasting benefits for current and future generations.

To highlight the role of young people in the bid, Highland Council hosted a showcase event at Eden Court on 29 June. Throughout the day, the OneTouch Theatre featured performances and presentations from youth cultural groups, including students from Plockton School of Music, TFX Performing Arts Academy, and Dalneigh Primary School.

An Comunn Gàidhealach was represented by staff members Seonag Anderson and Fiona Mackenzie, who hosted an information stand displaying National Mòd trophies, medals, videos and promotional materials. They spoke with pupils, teachers and visitors about both the National and local Mòds and introduced many participants to simple Gaelic phrases.



ISHBEL BANKS

Bha sinn duilich cluinntinn mu bhàs Ishbel Banks o chionn ghoirid.

Bha Ishbel na deagh charaid don Mhòd agus na saor-thoileach dìleas aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail fad iomadh bliadhna, agus bha i ainmeil airson a nàdar agus airson a bhith a' toirt gàire air daoine. Bhiodh mòran agaibh air coinneachadh rithe nuair a bhiodh i a' sgaoileadh duilleagan-breithneachaidh as dèidh na farpaisean, an-còmhnaidh a' cur fàilte chridheil air daoine, fiù 's aig amannan a bha buileach trang.

Thàinig Ishbel an sàs sa Mhòd tron duine aice, Robin Banks, a bha na Stiùiriche air A' Chomunn Gàidhealach fad iomadh bliadhna. Tha iomadh cuimhneachan toilichte againn air Ishbel agus bidh sinn ga h-iondrainn gu mòr.

Bha e na thoileachas dhan Chomunn Gàidhealach sàr dhuais Caraid a' Mhòid a bhuileachadh air Ishbel aig Mòd an Òbain 2024.

Tha ar smuaintean còmhla ri a teaghlach agus a caraidean aig an àm duilich seo.



ISHBEL BANKS

We were saddened to hear of the recent passing of Ishbel Banks.

A great friend of the Mòd, Ishbel volunteered for many years at the Royal National Mòd and was well known for her cheerful nature and ever-present smile. Many of you will remember her distributing adjudication sheets, always greeting people warmly, even during the busiest times.

Ishbel became involved with the Mòd through her husband, Robin Banks, who served as a Director of An Comunn Gàidhealach for many years. We have many fond memories of Ishbel and she will be greatly missed.

It was an honour for An Comunn Gàidhealach to recognise Ishbel for her stalwart support to the Mòd by presenting her with the Caraid a' Mhòid award at Mòd an Òbain 2024.

Our thoughts are with her family and friends at this sad time.






COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Thigibh dhan bhùth air *Diardaoin 23mh dhen Iuchar* airson tachartas còmhla ri Seonag Monk agus an leabhar ùr aice, Dealan-dè.

Bidh Seonag ann an còmhradh le Maureen NicLeòid agus bidh cothrom ann ceistean fhaighneachd agus èisteachd ri ceòl bho Kathleen NicAonghais agus James Ross.



GAELIC BOOKS COUNCIL

Join us in the bookshop on *Thursday 23rd of July* for an event with Seonag Monk and her latest novel, Dealan-dè.

Seonag will be in conversation with Maureen MacLeod and there will be chance to ask questions and listen to live music by Kathleen MacInnes and James Ross.



Tha Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra 2027 a-nis fosgailte do thagraidhean!

Ma tha thu air a bhith a' lìonadh leabhraichean-nòtaichean air do shocair fad bhliadhnaichean, no ma tha thu air do ghuth a lorg airson a' chiad uair, seo do chuireadh do chuid sgrìobhaidh a thaisbeanadh gu coimhearsnachd nas fharsainge.

Tha Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra a comharrachadh tàlant ùra a tha a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig, agus tha fadachd oirnn coinneachadh ris na sgeulachdan, dàin agus guthan a tha a' feitheamh ri luchd-èisteachd.

Lorg 'Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra 2027' air-loidhne agus rach gu làrach-lìn Comhairle nan Leabhraichean airson tagradh a chur a-steach ro 29 an t-Iuchar 2026.

The New Writers Awards 2027 are now open for applications!

Whether you've been quietly filling notebooks for years or have found your voice for the first time, this is your invitation to share your writing with a wider community.

The New Writers Awards celebrate emerging talent writing in Scottish Gaelic, and we are eager to discover the stories, poems, and voices that are waiting to find an audience.

Search online for "New Writers Awards 2027" and visit the website of the Comhairle nan Leabhraichean to submit your application before 29 July 2026.

MÒDAN IONADAIL

Tha a' chuid as motha de na Mòdan Ionadail air gabhail àite a-nis, tha e air a bhith a' còrdadh rinn a bhith a' faicinn na deilbh bho na diofar sgìrean a' taisbeanadh na farpaisich! Meal an naidheachd oirbh uile.

Thèid na Mòdan Ionadail a leanas a chumail anns na mìosan a tha romhainn. Tha sinn an dòchas gu bheil an obair ullachaidh a' dol math dhuibh agus ma tha taic sam bith a dhìth, cuiribh fios gu fiona@ancomunn.co.uk

- 11^d Sultain | September – Moireibh | Moray
- 11^d Sultain | September – Muile | Mull
- 18^{mh} & 19^{mh} Sultain | September – Siorrachd Lannraig a Tuath | North Lanarkshire
- 19^{mh} Sultain | September – Ìle | Islay
- 26^{mh} Sultain | September – Barraigh is Bhatarsaigh | Barra & Vatersay
- 26^{mh} Sultain | September – Obar Dheathain | Aberdeen
- 30^{mh} Sultain & 1^d Dàmhair | September & 1 October – Loch Aillse | Lochalsh

LOCAL MÒDS

Most of the Local Mòds have now taken place, and we have enjoyed seeing photographs from the various areas showcasing the competitors. Congratulations to everyone involved! The following Local Mòds will take place in the months ahead. We hope your preparations are going well and, if you require any support, please contact fiona@ancomunn.co.uk.

JUSTGIVING A' CHOMUINN

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron **duilleag JustGiving againn**.

AN COMUNN'S JUST GIVING PAGE

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our **JustGiving page here**.



Donate to
An Comunn
Gàidhealach



ATHARRACHAIDHEAN AIR RIAGHAILTEAN A' MHÒID

Thoiribh sùil air riaghailtean a' Mhòid [an seo](#).

Bu chòrr dhuibh a bhi mothachail gu bheilear air atharrachaidhean a dhèanamh air cuid de na riaghailtean, mar sin dèanaibh cinnteach gun leugh sibh iad air fad air eagal 's gum bi buaidh aca air an fharpais agaibh.

GEARTACHADH AIR ÒRAIN AINMICHTE 2026

Thèid atharrachaidhean ri Earrainnean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026 a chlàradh air an [larach-lìn](#) againn [an seo](#).

Ma tha ceist sam bith agaibh, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

CEÒL MÒD 2026

Gheibhear earrainnean ainmichte agus cèol airson Mòd na bliadhna seo anns a' bhùth againn.

Tha earrainnean bho bliadhnaichean a chaidh seachad an sin cuideachd, a dh' fhaodadh a bhith feumail ma tha sibh a' lorg pìosan fèin-thaghte.

Tha pasgan ann do thidsearan cuideachd leis nam faidhlaichean gu lèir a bhios a dhìth orra. Gheibhear na clàran-èagair agus riaghailtean [an seo](#).

AMENDMENTS TO MÒD RULES

You can view this year's Mòd Rules [here](#).

Please note that some changes have been made to some of the Rules.

Competitors are encouraged to read through them carefully to ensure they are aware of any changes that may affect their competition.

CHANGES TO 2026 PRESCRIBED PIECES

Any amendments to Mod 2026 prescribed pieces can be found on our website [here](#).

Should you have any queries please contact info@ancomunn.co.uk or telephone us on 01463 709 705.

MÒD MUSIC 2026

Set pieces and music for this year's Mòd are available in our shop.

Selections from previous years are also available, which may be useful when looking for own choice pieces.

There is also a teachers' pack containing all required files. Syllabuses and rules can be found [here](#).



ACADAMAIDH A' MHÒID

Gach bliadhna, ann an co-obrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach agus leis an ùghdarras Ionadail far am bi am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tachairt, bidh sgioba de dh'oidhean, fo bhratach Fèisgoil, air a' tadhal air sgoiltean far a bheil an luchd-teagasg agus a' chlann airson òrain agus bàrdachd Gàidhlig ionnsachadh gus pàirt a ghabhail anns a' Mhòd.

Taing mhòr don sgioba a tha an sàs an Acadamaidh a' Mhòid, tha sinn an dòchas gu bheil e air a bhith a' còrdadh ris na sgoilearan agus tha sinn a' coimhead air adhart ri ur faicinn aig Mòd Ghlaschu san Dàmhair!

FILMG 2026

Chaidh buannaichean FilmG 18 ainmeachadh aig cuirm dhuaisean aig an SEC ann an Glaschu bho chionn ghoirid, air a lìbhrigeadh le Siobhan Shutharlanach bho BBC ALBA.

Bha An Comunn Gàidhealach air leth toilichte taic a chumail ri duais Ealain 18+ aig Duaisean FilmG. Meal a naidheachd air Lucy agus 's math rinn a h-uile duine a bha an sàs!

<https://www.filmg.co.uk/news/filmg-18-winners/>

MÒD ACADEMY

Since Mòd Academy began, An Comunn Gàidhealach in partnership with Fèisean nan Gàidheal and the host local Authority where the Royal National Mòd will be held have funded Fèisgoil tutors to support local schools with tuition and preparations for the Mòd.

A huge thanks to the team involved in this year's Mòd Academy, we hope all the children are enjoying the tuition and we look forward to seeing you all at the Mòd in October!

FILMG 2026

The winners of FilmG 18 were announced recently at this year's FilmG Awards, held at the SEC in Glasgow and hosted by BBC ALBA's Siobhan Sutherland.

An Comunn Gàidhealach were delighted to support the Art prize for 18+ category at the FilmG awards. Congratulations to Lucy and well done to all involved!

<https://www.filmg.co.uk/news/filmg-18-winners/>





A BHEIL SIBH AIR ÀITE-FUIRICH A CHUR AIR DÒIGH AIRSON A' MHÒD FHATHAST?

Tha prìsean nas ìsle rim faighinn tro ar com-pàirtiche oifigeil, Glasgow Convention Bureau, le taghadh farsaing de thaighean-òsta air feadh a' bhaile.

Glèidhibh tràth—thèid àite fuirich a thoirt seachad mar a thig iartasan a-steach, is tha na prìsean sònraichte rim faighinn gu ruige 28mh Lùnastal 2026.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh gu h-ìosal.

Chan fhaighear na prìsean sònraichte seo ma thèid glèidheadh tro seanalan eile.

Glèidhibh àite [an seo](#).

HAVE YOU BOOKED YOUR MÒD ACCOMMODATION YET?

Discounted accommodation is available through our official partner, Glasgow Convention Bureau, with a wide range of hotels across the city.

Book early—rooms are limited and available until 28th August 2026.

Find out more and book via the link below.

Bookings made through other channels won't qualify for discounted rates.

Book your accommodation [here](#).



Book your
accommodation
now!

GLASGOW
CONVENTION
BUREAU



2026
9-17 October



CEÒLAS 20226

Tha bileag fiosrachaidh ri fhaighinn le fiosrachadh air na tachartasan againn!

Tons of cèilidhs, concerts, sessions, live music and more events from Saturday onwards in South Uist!

Tachartasan | Events programme:
<http://ceolas.co.uk/.../upl.../2026/06/TachartasanBileag.pdf>

CEÒLAS 2026

Tha bileag fiosrachaidh ri fhaighinn le fiosrachadh air na tachartasan againn!

Tons of cèilidhs, concerts, sessions, live music and more events from Saturday onwards in South Uist!

Tachartasan | Events programme:
<http://ceolas.co.uk/.../upl.../2026/06/TachartasanBileag.pdf>



Sgoil Shamhraidh Summer School

5mh - 10mh Iuchar 2026
5th - 10th July 2026

Tachartasan Fringe Events Concerts, cèilidhs & more!

ceolas.co.uk | [@ceolas_uibhist](https://twitter.com/ceolas_uibhist) | Cnoc Soilleir, Uibhist a Deas



TAING DHAN LUCHD-MAOINEACHAIDH

Tha sinn air leth taingeil dha na buidhnean taic a bhios a' toirt taic gus Mòd Nàiseanta Rìoghail a thoirt gu buil gach bliadhna.

Tha an taic seo gar cuideachadh gus Gàidhlig, ceòl agus cultar a chomharrachadh agus cothroman a chruthachadh do choimhearsnachdan agus do dhaoine òg air feadh Alba.

A BHEIL SIBH AIRSON TAIC A THOIRT DHAN MHÒD?

Am biodh a' ghnìomhachas no a' bhuidheann agaibh airson taic a chur ri aon de prìomh thachartasan cultarail ann an Alba?

Tha sinn an còmhnaidh toilichte cluinntinn bho bhuidhnean aig a bheil ùidh ann an cothroman maoinachaidh, com-pàirteachasan no taic a chur ri farpaisean is tachartasan sònraichte.

Nam biodh ùidh agaibh, nach cuiribh fios thugainn.



THANK YOU TO OUR SPONSORS

We are incredibly grateful to all of our sponsors and supporters whose generosity helps make the Royal National Mòd possible each year.

Their support helps us celebrate Gaelic language, music and culture while creating opportunities for communities and young people across Scotland.

INTERESTED IN SPONSORING THE MÒD?

Would your business or organisation like to support one of Scotland's leading cultural events?

We are always keen to hear from organisations interested in sponsorship opportunities, partnerships or supporting specific competitions and events.

To find out more, please contact us directly.



CUIR FIOS THUGAINN MU TACHARTASAN

Ma tha tachartasan sam bith gu bhith aig a' chòisir agaibh no ma tha sibh a' cruinneachadh airgead airson a' Mhòd, nach cuir sibh fios thugainn agus sgaoilidh sinn e anns a' chuairt-litir.

Cuir fiosrachadh sam bith gu:
marina@ancomunn.co.uk

TELL US ABOUT AN UPCOMING EVENT

If your choir is having an event, if your school is fundraising to attend the Mòd or if you have any other events coming up, get in touch with us and we can share it in our newsletter.

marina@ancomunn.co.uk

LE TAIC BHO WITH SUPPORT FROM






CINN-LATHA MÒDAN RI THIGHINN

9 - 17 Dàmhair 2026 Glaschu
8 - 16 Dàmhair 2027 Eileanan Siar
6 - 14 Dàmhair 2028 An t-Òban

FUTURE MOD DATES

9 - 17 October 2026 Glasgow
8 - 16 October 2027 Western Isles
6 - 14 October 2028 Oban

**BÙTH
A' CHOMUINN**




Tha measgachadh de leabhraichean Gàidhlig, bàrdachd, rosg, deilbh-chluich agus CDs againn anns a' bhùth. Thoiribh sùil air an làrach-lìn againn agus chithear cuid de na tha ri cheannach ann am Bùth a' Chomuinn.

We have a selection of Gaelic books, poetry, prose, plays, children's books, traditional and Scottish music CDs in our shop in Stornoway. Take a look at our website to view a selection of what is available in the An Comunn Gàidhealach Shop.

SUAS GU 10% DHETH | UP TO 10% OFF FOR MEMBERS!

[BUY NOW](#)



Copyright © An Comunn Gàidhealach 2026, All rights reserved.

Aonad 7A
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Want to change how you receive these emails?
You can update your preferences or unsubscribe from this list.
Contact: info@ancomunn.co.uk